

Coinneamh: Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan
Ceann-là/Àm: 05 Samhain 2024 aig 09.30
Càite: Microsoft Teams

Geàrr-chunntas – Seisean Fosgailte

1. Cùisean Tòiseachaidh

1.1. Fàilte is Leisgeulan

Buill Comataidh an Làthair:

Seonaidh Charity (Cathraiche) [SC]

Michelle NicLeòid [MNL]

John N Dòmhnallach [JND]

Màiri NicAonghais [MTNA]

A' Frithealadh:

Ealasaid Dhòmhnallach, Ceannard/Oifigear Cunntachail [ED]

Iain Mac a' Mhaoilein, Stiùiriche Leasachaidh [IMM]

Jennifer McHarrie, Stiùiriche Foghlaim [JMH]

Nicola Pearson, Ceann an Ionmhais is Cùisean Corporra [NP]

Steven Kellow, Manaidsear Maoinachaidh is Phròiseactan [SK] – Puing 1, 2

Karen Nic a' Ghobhainn, Manaidsear Gnìomhan [KNG] – Puing 5

Orla NicDhòmhnaill, A' clàradh a' gheàrr-chunntais [OND]

Dòmhnall MacNèill, Comunn na Gàidhlig [DMN] – Puing 7

Leisgeulan:

Cha robh gin ann.

1.2. A' Nochdadh Chom-pàirtean

MNL – Oilthigh Obar Dheathain

1.3. Gnothaichean Iomchaidh Sam Bith Eile (GISBE)

Cha robh gin ann.

2. Ionmhas

2.1. Aithisg Ionmhais

Dh'fhaighnich Buill mu bhuidhe sam bith a bhiodh aig buidseat Riaghaltas na RA air planadh buidseit.

Dh'innis NP do Bhuill gun tèid buidseit a chruthachadh agus a thaisbeanadh dhan Chomataidh sa Ghearran 2025 às dèidh buidseit Riaghaltas na h-Alba a bhith air fhoillseachadh san Dùbhlachd.

Thugadh fa-near gur ann bhon bhuidseit cleachdaidh a thàinig a' mhòr-chuid den fho-chosgais agus nach robh seo na adhbhar dragh leis gun robh caiteachas an urra ri buidhnean a bhith a' cur a-steach aithisgean

Co-dhùnadh:

Thug na buill fa-near don Aithisg Ionmhais.

2.2. Prìomhachasan sgeama Taic Freumhan Coimhearsnachd

2025-27

Thug IMM fios gur e seo an dàrna turas a chaidh sgeama dà bhliadhna a chur air bhog gus barrachd cinnt a thoirt do luchd-faighinn na taic. Thugadh fios gun robh ùidh mhòr ann an-uiridh, a' ciallachadh nach robh e comasach maoinachadh a thoirt don a h-uile duine a chur a-steach air a shon. Gus cuideachadh leis an duilgheadas seo, thathar air a bhith ag obair air atharraichean gus Colmcille a thoirt a-steach don sgeama Taic Freumhan Choimhearsnachd. Chaidh beachdachadh air duilgheadasan a b' urrainn seo a thogail a thaobh luchd-faighinn Colmcille. Thugadh fios gun robhar an dùil gur e seo an co-dhùnadh as fheàrr gus taic a chumail ris na coimhearsnachdan, agus a' freagairt ri prìomhachasan an sgeama.

Dh'iarr Buill dearbhadh gum bi fios soilleir ann airson innse gu bheil taic fhathast ann airson pròiseactan a bhios a' brosnachadh cleachdadh na Gàidhlig is na Gaeilge. Thug SK fios gum bi aithneachadh ann gur e leudachadh den sgeama a bhios ann agus gum bi seo follaiseach san t-sanasachadh.

Dh'fhaighnich Buill cuideachd an dèanadh seo diofar air mar a thathar ag obair le Foras na Gaeilge. Thug SK fios gum biodh Foras na Gaeilge fhathast a' ruith nan sgeamaichean acasan agus gum biodh co-obrachadh fhathast ann. Thugadh fios air aon atharrachadh agus 's e sin nach robhar an dùil gum biodh oifigear Foras na Gaeilge an lùib pròiseas breithneachaidh an sgeama.

Dh'iarr Buill tuilleadh fios air an ìre de dh'ùidh san sgeama agus thug SK fios gun d'fhuair iad an ìre as motha de dh'iarrrasan a-riamh an-uiridh. Thuirt e gur e suidheachadh mì-fhortanach a bha seo air sgàth 's gu bheil tòrr bheachdan math ann ach chan eil am maoinachadh aig Bòrd na Gàidhlig airson a h-uile fear a thoirt a-steach. Thog e gur e na cothroman a tha ri fhaighinn taobh a-staigh nan cùmhnantan dà bhliadhna a bhios cudromach.

Dh'fhaighnich Buill an robh cead a dhìth bhon Riaghaltas airson sgeamaichean atharrachadh agus thog IMM nach eilear a' faighinn airgead fa leth airson nan sgeamaichean mar sin tha e comasach seo atharrachadh gun cead iarraidh. Thugadh beachd seachad air an ìre de dh'fharpais a bhios ann leis an dà sgeama còmhla agus gum bi e doirbh agus gum feumar barrachd luach an airgid fhaighinn.

Thug an Ceannard fios mu cho taiceil 's a bha an Riaghaltas, an Sgioba Sponsoraidh agus fòram nan NDPB le bhith beachdachadh air dòighean-obrach ùra. Chur i cudrom air cho feumail 's a bhios seo airson nan coimhearsnachdan.

Chaidh aithneachadh le Buill gun robh iad toilichte an sgeama fhaicinn fosgailte airson dà bhliadhna agus thuig iad gum biodh seo a' dèanamh diofar mòr. Dh'iarr iad fios air fianais sam bith a tha sealltainn na buaidh a bhiodh aig seo air PCCan na buidhne. Thug SK fios nach robh fianais ann airson an sgeama seo leis gun do rinn iad e airson a' chiad turas an-uiridh, mar sin thig fianais an ath bhliadhna. Thugadh fios nach eil an uiread de dh'obair aig na buidhnean ri chur a-staigh agus gu bheil seo a thoirt cothrom dhaibh planadh agus fòcas a dhèanamh air an obair.

Dh'fhaighnich Buill ciamar a bhathar an dùil dèiligeadh ris a' bhuidhe air cliù na buidhne. Thug SK fios gum biodh aithneachadh ann san t-sanasachadh agus air na meadhanan sòisealta gu bheil taic ann airson com-pàirt eadar luchd na Gàidhlig agus luchd na Gaeilge.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris na molaidhean sa phàipear.

3. Cleachdadh

3.1. Fios mu Lìonra Oifigearan Gàidhlig – Aithris Labhairteach

Thug IMM fios gun robh coinneamhan den Lìonra Oifigearan Gàidhlig air a bhith ann an t-seachdain roimhe agus gun robh SK gan ruith. Thugadh fios gun deach na molaidhean bho choinneamh mu dheireadh a' Bhùird-stiùiridh thuca. Cha do ghabh iad ris a' mholadh gun tigeadh Cathraiche na buidhne bhon Lìonra fhèin agus thug IMM fios gun robh obair ri dhèanamh air seo.

Thugadh fios cuideachd gun deach ceistean a sgaoileadh airson fiosrachadh fhaighinn bho na h-oifigearan, gu h-àraidh an fheadhainn nach bi a' frithealadh nan coinneamhan airson fios fhaighinn bhupa air carson. Thig fios don chomataidh le adhartas agus obair a tha ri dhèanamh.

Thog Buill beachd gum biodh Bòrd na Gàidhlig ann mar rùnaire na buidhne agus oifigear mar Chathraiche gus dèanamh soilleir gu bheil Bòrd na Gàidhlig fhathast an sàs san lìonra.

Chaidh beachdachadh air na h-adhbharan nach eil cuid de oifigearan a' frithealadh nan coinneamhan agus thog IMM gu bheilear an dùil gum faigh iad tuilleadh fiosrachadh sa cheisteachan. Thogadh gu bheil an fheadhainn a tha a' dol ann a faighinn luach às na coinneamhan.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh san aithris.

3.2. Adhartas le Planaichean Gàidhlig

Thug IMM fios air adhartas le Planaichean Gàidhlig. Thugadh fios air obair a tha a' dol agus gu bheilear an dùil gum biodh tuilleadh Phlanaichean a' tighinn don Chomataidh airson aonta ro dheireadh na bliadhna ionmhais. Thugadh fios gu bheil barrachd buidhnean a' togail eas-aonta agus gu bheil seo math air sgàth s gu bheil e a' cur uallach air a phròiseas.

Dh'fhaighnich Buill a bheil barrachd co-obrachadh ri fhaicinn eadar buidhnean, mar a chaidh a thogail aig a' choinneimh mu dheireadh den Chomataidh. Thug IMM fios gu bheil barrachd bhuidhnean ag ràdh gu bheil iad ag obair ann an com-pàirteachas ach nach eil mòran fianais gus seo a shealltainn.

Dh'fhaighnich Buill mun uallach obrach le naoi Planaichean Gàidhlig ri aontachadh ro dheireadh na bliadhna ionmhas. Thuirt IMM gun robh barrachd ann an-uiridh agus le sin chan eil e draghail mun ìre de dh'obair. Thug IMM tuilleadh fios mu na buidhnean a fhuair cead bhon Rìaghaltais airson a bhith fadalach ann a bhith a' cur a-steach nam Planaichean aca. Bheachdaich e air cho cudromach 's a tha e gu bheil na oifigearan Gàidhlig a' gabhail a' chothruim taic fhaighinn bhon Lìonra agus bho oifigearan Bhòrd na Gàidhlig.

Bheachdaich Buill air an uiread dh'obair a tha a' dol anns na coimhearsnachdan an coimeas ris na tha anns na Planaichean Gàidhlig aig buidhnean.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

4. Ionnsachadh

4.1. Fios as ùire air Foghlam

Thug JMH iomradh air an fhiosrachadh sa phàipear. Thugadh fios mu thachartas ann an Rinn Friù an ear, an sgìre as ùire le Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Dh'fhaighnich Buill dè an ròl a th' aig Bòrd na Gàidhlig nuair a tha suidheachaidhean ag èirigh mar a tha ann an Earra-Ghàidheal is Bhòid. Dh'aithris JMH gun robh a' Chomhairle ann an conaltradh le Bòrd na Gàidhlig mus deach a' cho-chomhairle a chur air bhog agus gun do chuir iad molaidhean ris a' cho-chomhairle. Cha do dh'aontaich iad ris a h-uile dad agus thug JMH fios nach urrainnear sparradh orra na h-atharraichean seo a dhèanamh. Thugadh fios gum bi conaltradh a' leantainn.

Dh'fhaighnich Buill dè a bhathar an dùil a thigeadh às a' phrògram foghlaim aig Pàrlamaid na h-Alba. Thug JMH fios gum biodh seo a' dèanamh cinnteach gun robh na ceanglaichean eadar buidhnean ri fhaicinn agus gun robh gu leòr eòlais ann.

Co-dhùnadh:

Thug Buill fa-near don fhiosrachadh sa phàipear.

5. Cùisean HR

5.1. Poileasaidhean HR

Thug KNG gun robh i a' sireadh aonta air an t-susbaint Beurla agus gun tèid a' Ghàidhlig a' dhearbhadh às dèidh na coinneimh.

Poileasaidh airson Stiùireadh Neo-làthaireachd

Thog KNG nach robh am feallsanachd air atharrachadh ach an dòigh-obrach. Thug i fios air na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.

Poileasaidh Smachdachaidh

Thug KNG fios nach robh susbaint no modh-obrach air atharrachadh agus thug i fios mu na h-atharraichean a chaidh a dhèanamh.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.

Poileasaidh airson Strì eadar Com-phàirtean

Thug KNG fios nach robh mòran diofar anns a' mhodh-obrach ach gun tèid lèirmheas a dhèanamh air an t-sreath-obrach gach sia mìosan.

Thog Buill gum bu chòir liosta iomraidh a bhith ann ma tha fiosrachadh ga thoirt bho thùsan eile.

Gnìomh:

KNG ri liosta iomraidh a chur ris.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.

Poileasaidh Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhaltais

Thug Ealasaid fios do Bhuill mun phuing 'Equality of opportunity vs Equality of outcome' agus thugadh fios gun robh seo a' tighinn thuca airson dearbhadh gu bheil iad riarachta.

Dh'fhaighnich Buill an robhar ag amas air dàimhean a thogail le daoine le feartan dìonta. Thug an Ceannard fios seachad mu luachan na buidhne.

Chaidh a' phuing a thogail gu bheil cunbhalachd ann am briathrachas cudromach agus gum bitheadh na poileasaidhean uile air an eadar-theangachadh leis an aon neach.

Gnìomh:

KNG ris na poileasaidhean dà-chananach a sgaoileadh do bhuill taobh a-staigh seachdain.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' phoileasaidh mar a chaidh a thaisbeanadh.

6. Plana Obrach na Comataidh

6.1. Plana Obrach na Comataidh Poileasaidh is Ghoireasan

Thug an Ceannard fios mu na h-atharraichean agus mu na h-adhbharan.

Co-dhùnadh:

Dh'aontaich Buill ris a' Phlana Obrach.

7. Taisbeanadh

7.1. Ro-innleachd Òigridh, Comunn na Gàidhlig

Thug DMN bho Chomunn na Gàidhlig (CnaG) taisbeanadh don Chomataidh air Ro-innleachd Gàidhlig na h-Òigridh.

Thugadh fios mu obair CnaG agus na ceud cheumannan ann a bhith ag ullachadh na Ro-innleachd. Thug e fios don Chomataidh air na raointean prìomhachais, na h-amasan agus modhan-obrach. Thug e seachad cuid de na ciad beachdan air an t-suirbhidh a bha ga ruith agus bheachdaich e air a' chlàr-ama agus amasan a th' ann nuair a dhùineas an ceisteachan. Thugadh cuideachd tuilleadh fiosrachaidh don Chomataidh air na bhathar an dùil a thoirt a-steach don Ro-innleachd.

Thug Buill taing do DMN airson an taisbeanadh agus thuirt iad gum biodh iad a' coimhead air adhart ris an adhartas fhaicinn.

Thog Buill cho cudromach 's a tha misneachd agus comas san òigridh, agus cho doirbh a tha miann a thuigse. Chaidh beachdachadh air nas urrainnear dèanamh gus iad seo a brosnachadh, agus thug DMN beachdan air mar a tha clann a' conaltradh agus gun robh e den bheachd gur ann bho mhiann a gheibhear misneachd.

Chaidh ceist a thogail mu na buidhnean agus na daoine a tha a' gabhail pàirt sa phròiseas agus thug DMN fios gu bheil an dùil beachdan fhaighinn bho iomadh seòrsa daoine.

Dh'fhaighnich Buill an robhar a' togail dhàimhean le daoine a tha ag obair sna h-eileanan agus a bheil cothroman ann a bhith ag obair còmhla eadar spòrs is ealain. Thugadh fios nach eilear a' faicinn seo mar sgaradh ach gu bheil clann ag iarraidh an dà chuid. Chaidh beachdachadh air strì le ùine aig teaghlaichean. Chaidh faighneachd a bheil co-obrachadh a' dol eadar buidhnean coimhearsnachd agus thug DMN fios gur e an rud as cudromaiche gu bheil taghadh aig clann a thaobh na iad airson dèanamh agus farsaingeachd de chothrom aca, le Gàidhlig a' faighinn prìomhachas.

Thog Buill ceist mu bhuill na buidhne-stiùiridh agus de seòrsa daoine a bha oirre. Thug DMN fios gun robhar an dùil gum biodh riochdachadh farsaing ann agus gun robh iad an dùil gun tigeadh molaidhean de bhuill bho na h-oileanaich fhèin cuideachd. Thuirt DMN gun robh e toilichte molaidhean fhaighinn bhon Chomataidh nan robh beachdan aca.

Chaidh beachdachadh air cho taiceil 's a tha na sgoiltean dhan obair. Thug DMN fios gun deach a thogail gu bheil e cudromach tachartasan a chumail gu tur taobh a-muigh nan sgoiltean airson 's nach bi an òigridh ga fhaicinn mar sgoil. Bheachdaich e air an dlùth cheangal eadar oifigearan CnaG agus sgoiltean.

Mhol Buill air an obair a tha na h-oifigearan CnaG a dèanamh agus dh'fhaighnich iad mu thrusadh. Thug DMN fios mun phròiseas trusaidh aig CnaG.

Chaidh beachdachadh air a' bhuidseat agus a' bhuaidh a bhios aig seo air CnaG.

8. GISBE

Ceann-là na h-ath choinneimh: 11/02/2025

Dùnadh an t-seisein